

Bheir i crithe-reo mu d' ghruaige,
 'S neul naine an aoig leis,
 'S cha d' thig aiteamh na' grian ort,
 Bheir an liath-reo a' chaoidh, dhiot.

Bheir na's measa na sud ort,
 Failne tuigse is reusan;
 Dith leis a d' intinn;
 Dith cehaith agus geire;
 Dith gliocais chum gnothaich;
 Dith mothaich a d' cheudfadh;
 'S gu'm fas thu mar leanabh,
 Dhith spionnadh is ceille.

Fasuidh 'n cridh' neo-aithreach,
 'S neo-ealamh chum tionndadh;
 Aon tagradh cha druigh air,
 'S cha lub e da ionnsuidh:
 Ceart mar tha 'n talamh,
 'N am gaillinn is teanndachd;
 Ged robh milltean dol thairis,
 Cha dean aile sa chausair.

Faic seasain na bliadhna,
 'S dean cialll uath a tharuing;
 'S ma's aill leat gu'm buain thu,
 Dean ruadh'r ann san earrach;
 Dean connadh san t-samhradh;
 Nl sa gheamhradh do ghradh;
 'S mu dhibreas tu 'n seasain;
 Dhuit 's eigin bhi salamh.